

## **GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 6mh DHEN GHIBLEAN (Didòmhnaich Tùrnais)**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Ann an uair na h-àmhghair seo, tha sinn a' faireachdainn gairm ùr gu ùrnaigh. Chan eil sinn idir nar n-aonar ann a bhith a' cluinntinn na gairme seo, ach tha daoine a cluinntinn agus a' freagairt seo air feadh na dùthcha, agus eadhan air feadh an t-saoghail. Mar sin, tha sinn gur cuireadh gu ùrnaigh ann an co-chomann ri chèile aig 7f air Latha na Sàbaid, 6mh dhen Ghiblean, Didòmhnaich Tùrnais. 'S e seo ar n-ùrnaigh aig an àm seo:

A Dhè bheò, tha sinn taingeil dhut airson tiodhlac luachmhor na beatha a thug thu dhuinn.

Tha sinn taingeil dhut airson làithearachd mhaireannach do ghràidh anns an t-saoghal seo.

Tha sinn taingeil dhut airson an eòlas a tha againn gu bheil thu maille rinn aig beul na h-oidhche.

Air an latha seo, agus sinn a' cluinntinn faclan an t-Soisgeil a' labhairt rinn le dòchas an cois.

Tha sinn a' cluinntinn a' ghairm: Hosanna!

Tha sinn a' cluinntinn faclan an t-Soisgeul a' labhairt rinn le gealladh an cois,

Tha sinn a' cluinntinn a' ghairm: Beannaichte gun robh an Tì a thig ann an ainm an Tighearna!

Air an latha seo tha sinn a' siubhal ann an dòchas agus a' cur ar n-earbsa na do ghealladh.

A Thighearna, aig toiseach na Seachdaine Naoimh a tha romhainn, tha sinn mothachail gu bheil sinn mar phàirt de bheatha an t-saoghail.

Tha sinn a' faireachdainn làithearachd na feedhainn a tha faisg oirnn, agus na feedhainn a tha dealaichte bhuainn.

Doirt a-nuas do ghràdh oirnn uile, iadsan a tha faisg oirnn, agus iadsan a tha fada bhuainn.

A Thighearna, tha sinn a' smaoineachadh orrasan uile a tha ri saothair ann an obair a tha cudromach dhan choimhearsachd air fad,

agus air a bheil sinn eisimeileach.

Tha sinn ag ùrnaigh air an son uile:  
airson dràibhearan-lìbhrigidh agus luchd-puist,  
airson luchd-sgudail agus luchd-glanaidh,  
airson luchd-poilis agus luchd-cùram,  
Dìon iad uile, agus cùm iad sàbhailte.

Tha sinn ag ùrnaigh airson narsaichean agus dotairean,  
airson luchd-saidheans agus lannsairean,  
airson mnathan-glùine agus dràibhearan nan carbadan-èiginn.

Dìon iad uile, agus coimhead orra-san.

Tha sinn ag ag ùrnaigh air an son aig a bheil ùghdarris,  
air an son a tha a' dèanamh co-dhùnaidhean a tha bhualas oirnn uile agus air ar  
beathannan gu lèir.

Dìon iad, agus meudaich an cuid gliocais agus tuigse.

A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh. Tabhair dhuinn creideamh  
airson na seachdaine a tha romhainn, ann an làthaireachd an Tighearna Ìosa  
Chrìosd, a chaidh a cheusadh agus a dh'èirich a-rìthist.

Amen.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh  
Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann  
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan  
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba,  
Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam Mìon-shluagh ri  
chèile ann an Alba (MECTIS)